

Meanbh Ghlaschu - teacsa Gàidhlig agus Beurla

Miniature Glasgow – Gaelic and English text

Meanbh *Miniature Glasgow*

Glaschu *Glasgow*

Tha muinntir Ghlaschu eadar-mheasgte le mòran daoine ùra
Glasgow has a diverse population with many new “Glaswegians”

Tha Glaschu air eachdraidh ghnìomhachasail fhàgail às a dhèidh agus air fàs gu bhith na Bhaile mòr Eorpach den aonamh linn air fhichead
It has emerged from its industrial past and is becoming a 21st century European City

Nam biodh Glaschu na bhaile beag de 100 duine, bhiodh e coltach ri seo....
If the city of Glasgow was a village of 100 people, it would look something like this....

Ann am bliadhna...
In 1 year...

Tha aon duine air a bhreith
1 person is born

Tha aon duine a’ bàsachadh
1 person dies

Is e clann a th’ ann an 17 dhiubh
17 are children

Is e inbhich a th’ ann an 66 dhiubh
66 are adults

Is e luchd-peinnsein a th’ ann an 17 dhiubh
17 are pensioners

Tha aon duine às na h-Ìnnseachan
1 is from an Indian background

Tha trìuir à Pacastan, à Bangladasais no à dùthaich eile ann an Àisia a Deas
3 are from a Pakistani, Bangladeshi or other Southern Asian background

Tha aon duine à Sìona
1 is Chinese

Tha 95 às An Rìoghachd Aonaichte, às An Roinn Eòrpa no à dùthaich eile
95 are from a UK, European or other background

Tha aon duine às An Roinn Eòrpa an Ear
1 is from eastern Europe

Tha aon duine às a' cheud de mhuinntir Ghlaschu a' sireadh comraich
1 in a hundred Glaswegians is an asylum seeker

Iomadachd ann an Glaschu
Diversity in Glasgow

Ann an Sighthill tha 11 à coimhearsnachd mhion-dùthchasach agus tha 6 nan luchd-siridh comraich
in Sighthill 11 are from an ethnic minority, 6 are asylum seekers

Ann an Govanhill tha 19 à coimhearsnachd mhion-dùthchasach agus tha aon duine a' sireadh comraich
in Govanhill 19 are from an ethnic minority and 1 is an asylum seeker

Ann am Pollokshields an Ear tha 48 à coimhearsnachd mhion-dùthchasach agus tha aon duine a' sireadh comraich
in East Pollokshields 48 are from an ethnic minority and 1 is an asylum seeker

Ann an Ibrox tha 12 à coimhearsnachd mhion-dùthchasach agus tha dithis a' sireadh-comraich
in Ibrox 12 are from an ethnic minority and 2 are asylum seekers

Ann an Hillhead agus Woodlands tha 15 à coimhearsnachd mhion-dhùthchasach agus tha aon duine a' sireadh comraich
in Hillhead and Woodlands 15 are from an ethnic minority and 1 is an asylum seeker

Tha còrr is 100 cànan gam bruidhinn ann an Glaschu
Over 100 languages are spoken in Glasgow.

Chan eil ach aon duine a' bruidhinn Gàidhlig
Only 1 speaks Gaelic

De cheud duine
Of 100 people

Tha 65 nan Crìosdaidhean
65 are Christian

Tha trìuir nam Muslamaich
3 are Muslim

Tha dithis a' leantainn creideamh eile
Two follow another religion

Tha 22 gun chreideamh sam bith
22 have no religious belief

Chan eil ochdnar ag innse
8 won't say

Dh'fhaodadh balach a rugadh an-diugh a bhith beò còrr is 70 bliadhna
A boy born today might just live past his 70th birthday

Dh'fhaodadh nighean a rugadh an-diugh a bhith beò gu 77 bliadhna a dh'aois
A girl born today might live to 77

Bidh balach à sgìre bheartach beò 14 bliadhna nas fhaide na fear à sgìre bhochd
A boy from an affluent area will live for 14 years longer than one from a poor area.

Bidh nighean à sgìre bheartach beò 8 bliadhna nas fhaide na tè à sgìre bhochd
A girl from an affluent area will live for 8 years longer than one from a poor area

De cheud duine
Of a 100 people

Tha 60 ann an deagh shlàinte
60 are in good health

Tha 24 le slàinte a tha meadhanach math
24 in fairly good health.

Tha 16 nach eil ann an deagh shlàinte
16 not in good health

Tha 26 daoine le tinneas leantalach
26 have a longterm illness

Tha 36 fireannaich agus 28 boireanaich ag òl barrachd na na crìochan-òil
seachdaineach a tha air am moladh
36 men and 28 women exceed the recommended weekly drinking limits

Tha trìùir inbhich le trioblaidean-dibhe
3 adults are problem alcohol users

Tha 34 inbhich a' smocadh
34 adults smoke.

Tha 22 inbhich reamhar
22 adults are obese

De cheud chloinne (aig aois 13-15 bliadhna)
Of 100 children (aged 13-15 years)

Tha ochdnar a' smocadh gu cunbhalach
8 are regular smokers

Bha naoinear air drogaichean a ghabhail sa mhìos a chaidh
9 had taken drugs in the last month

Bha 17 air deoch làidir a ghabhail san t-seachdain a chaidh.
17 had drunk alcohol in last week

A-mach à ceud àite-còmhnaidh
Out of 100 dwellings

Is e teanamantan a th' ann an 50 dhiubh
50 are tenements

Is e taighean a th' ann an 27 dhiubh
27 are houses

Is e flataichean ioma-làran no deacaichean a th' ann an 12 dhiubh
12 are multi storey flats or decks

Is e `4 ann am bloc' a th' ann an 11 dhiubh
11 are '4 in a block'

Tha 43 fàrdaichean le inbhich a' fuireach nan aonar
43 households are occupied by adults living alone

Tha 23 le dithis inbhich a' fuireach nan aonar
23 occupied by 2 adults

Tha 8 le còrr is trìùir inbhich
8 with 3 or more adults

Tha 16 le dithis inbhich le clann
16 by two adults with children

Tha 10 le aon inbheach le clann
10 by one adult with children

Tha 29 inbhich gun teisteanas foirmeil, tha 18 le ceum oilthigh
29 adults have no formal qualifications, 18 have a university degree

Tha faisg air 20 deugair (16-19 bliadhna a dh'aois) nach eil ann an obair,
foghlam no trèanadh
Almost 20 of 16-19 year olds are not in employment, education or training

Tha dithis air eucoir ainneartach a chur an gnìomh anns na tri bliadhna mu
dheireadh
Two have committed a violent crime in the last three years

Tha 39 boireannaich agus 24 fireannaich a' faireachdainn neo-thèarainte a'
coiseachd nan aonar sa choimhearsnachd aca san dorchadas
39 women and 24 men feel unsafe walking in their neighbourhood after dark

Tha 57 a' fuireach taobh a-staigh 500m de làraich thrèigte
57 live within 500m of a derelict site

Tha 86 a' measadh na coimhearsnachd aca gu bhith math
86 rate the area they live in as good

Tha 20 inbheach gun obair no ro thinn airson obair
20 adults are unemployed or too ill to work

Tha 15 daoine gun chunntas banca
15 do not have a bank account

Tha 25 daoine a' fulang easbhaidh teachd-a-steach
25 people are income deprived

Ann an 1971 bha 34 daoine ag obair ann an obraichean tionnsgalach, ann an
2005 cha robh ach sianar sa ghnìomhachas
In 1971 34 worked in manufacturing jobs, by 2005 there were only 6

Tha am pàigheadh uaireach aig na deichnear as àirde pàighidh, trì gu leth tursan
nas àirde na am pàigheadh aig na deichnear as lugha pàighidh
*The hourly pay rate of the best 10 paid employees is 3 and a half times that of
the worst paid 10 employees*

Tha 21 ag obair ann an obair sgaoilidh, taighean-òsta agus taighean-bìdhe
21 work in distribution, hotels and restaurants

Tha 26 ag obair ann am bancaireachd, ionmhas agus àrachas
26 in banking, finance and insurance

Tha 32 ag obair ann an rianachd phoblach, foghlam agus slàinte
32 in public administration, education and health

Tha deichnear ag obair ann an togail agus tionnsgalachd
10 in construction and manufacturing

Tha sianar ag obair ann an còmhhdhail agus conaltradh
6 in transport and communications

Tha coignear ag obair ann an seirbheisean eile
5 work in other services

Tha 56 teaghlaichean gun chàr
56 households have no access to a car

Tha 33 a' siubhal gu obair no foghlam air bus, trèan no tagsaidh
33 travel to work or study by bus, train or taxi

Tha 39 a' dràibheadh no a' siubhal ann an càr
39 drive or are passengers in a car

Tha 27 a' coiseachd
27 walk

Tha aon duine a' rothaireachd
One cycles

Chaidh 3285 millean cilemeatair a shiubhal ann an Glaschu ann an 2003.
Thathar air measadh gun èirich seo 24% gu ruig 2021
3285 million vehicle kms were travelled in Glasgow in 2003, this is forecast to rise by 24% by 2021

Dè a-nis?
What next?

Dèanta ann an Glaschu, 2008
Made in Glasgow, 2008

Aideachaidhean - Acknowledgements

Air a bhrosnachadh le 'Meanbh-dhealbh den Chruinne'
Inspired by Miniature Earth

Tha aon ìomhaigh à Sgeulachd Ghlaschu agus tha i air a mac-samhlachadh le
cead bho Taighean-tasgaidh Ghlaschu, Comhairle Bhaile Ghlaschu
*One image is from the Glasgow Story and is reproduced with the permission of
Glasgow City Council, Glasgow Museums*

'spud agus matt' le g_cowan
Ceadachd fo cead-còrach cruthachail neo-mhalairteach
spud and matt by g_cowan
Licensed under a Creative Commons Attribution-NonCommercial license

Tha am fiosrachadh ann am Meanbh-dhealbh de Ghlaschu air a thighinn bho
dhiofar shuirbhidhean agus rianachdan air an cumail le Riaghaltas Bhreatainn, le
Riaghaltas na h-Alba agus le Comhairle Bhaile Ghlaschu.
*The data used in Miniature Glasgow have come from a range of survey and
administrative sources held within the UK Government, Scottish Government and
Glasgow City Council.*

Taing dha Beathag Mhoireasdan, Iona NicRisnidh, Iain Mac III Eathain agus
Ruairidh MacIII Eathain airson an cobhair leis a'Gàidhlig